

**AG ADHARTACHADH CLEACHDAIDH
GEÀRR-CHUNNTAS DEN AITHISG MU LÈIRMHEAS DE CHLEACHDAIDHEAN
AGUS DÒIGH-OBRACH ÀRD-CHÙIRT A' CHEARTAIS 2002
LEIS A'MHORAIR URRAMACH BONOMY.**

RO-RÀDH

1. Fhuair Am Morair Urramach Bonomy cuireadh bhon Leas-phrìomh Mhinistear, san Dùbhlachd 2001, rannsachadh a dhèanamh agus aithisg ullachadh mu na h-uireasbhuidhean a bha ri fhaicinn ann an èifeachdais Àrd Chùirt a' Cheartais.

B' e cumhachdan iomraidh an lèirmheas:

“Lèirmheas a dhèanamh air mar a tha gnòthaichean na h-Àrd Chùirt air an rèiteachadh sa chiad àite ann an solas na h-iarrtasan àrdaichte a tha air a' Chùirt; lèirmheas a dhèanamh air cleachdaidhean na Cùirt agus iadsan a tha a' seirbheiseachadh na Cùirt agus riaghailtean cùrsa eucoir mar a tha iad a' buntainn ris an Àrd Chùirt; agus molaidhean a dhèanamh ann an rùn goireasan na cùirt a làimhseachadh ann an dòigh nas fheàrr ann a bhith a' brosnachadh math a' cheartais.”

2. Tha an Lèirmheas a' dèiligeadh ri obair Àrd Chùirt a' Cheartais sa chiad àite, is e sin obair na cùirt bho thòisicheas cùis an aghaidh neach fo chasaid gus an tèid a dhèteadh no a leigeil as. Chan eil e air a leudachadh gu structair bunaiteach an t-siostam ceartais eucorach le dearbhadh diùraidh far am bheil uallach dearbhaidh air an neach-casaid, agus cha mhotha a tha e a' sealltainn ri lagh eucor stèidhichte agus lagh fianais. (para. 1.1-1.4 den Aithisg)

BUN-FHIOSRACHAIDH.

3. Tha draghan mòr air èirigh sna beagan bhliadhnachan a dh'fhalbh nach eil Àrd Chùirt a' Cheartais air a bhith ag obair cho èifeachdach agus cho comasach sa bhiodh dùil bho phrìomh chùirt eucoir na h-Alba. Thàinig seo am follais ann an iomadach chùisean ainmeil. Is ann an dèidh aithisg mu aon de na cùisean sin a chaidh an Lèirmheas seo ainmeachadh. (para. 1.1 den Aithisg)

DÒIGH OBRACH

4. Chaidh am Morair Bonomy le taic bho Sgioba Lèirmheas agus Buidheann Fiosrachaidh air adhart le co-chomhairle fharsaing le riochdairean bhon a h-uile ìre a tha an sàs ann an obair na h-Àrd Chùirt agus buidhnean reachdail agus saor-thoileach aig am bheil ùidh ann an co-ionannachd cinnidh agus gnòthaichean luchd-fulaing a' bharrachd air an t-sluagh air fad, gu h-àraidh iadsan aig am bheil fèin-fhiosrachadh air obair na Cùirt. Sheall rannsachadh air clàran Àrd Chùirt gu mionaideach ris na bliadhnachan 1995 agus 2001. Bha an rannsachadh airson atharraichean ann an nàdar agus cuideam gnìomhachd na Cùirt a sgrùdadh. (para. 2.1-2.12 den Aithisg)

AG AITHNEACHADH AN DUILGHEADAIS.

5. Tha an Àrd Chùirt air dèiligeadh ri iarrtasan nas motha agus nas motha air na goireasan aca gu ìre mhath fad ùine, gu h-àraidh san trian mu dheireadh den cheud bliadhna mu dheireadh, nuair a chaidh àireamh bhrìtheamhan an àirde bho 18 gu 32. Tha tomhas-lìonaidh obair eucoir sa chiad àite a-nis a' toirt a-steach mu 50% de dh'ùine obair bhrìtheamhan.

6. Eadar 1995 agus 2001 chaidh àireamh chùisean ùra a chaidh a thogail (ion-chasaideach a-steach) san Àrd Chùirt an àirde bho 1195 gu 1468, ìre àrdachaidh de 23%. Cha b' e a' phrìomh dhuilgheadas, geà, an t-àrdachadh a bha ann an cùisean ùra, ach an t-àrdachadh 59% air àireamh de chùisean air a chumail a' dol (dàil) a bhathas ag iarraidh agus a chaidh aontachadh. Ann an 2001 chaidh mu 75% de ghluasadan airson dàil a chur air adhart le luchd-dìon agus ann an suidheachadh mu 40% de na cùisean sin b' e barrachd ùine a bha a dhìth airson cùis dìon ullachadh a chaidh a chur air adhart mar adhbhar. Tha dàil a' tighinn air barrachd chùisean gu cinn-latha nas fhaide air adhart ("churned") an àite a bhith a' dèiligeadh riutha a' chiad uair a thig iad fa chomhair na Cùirt.

7. Chaidh mòran de na tagraidhean leantainn aontachadh air an là a chaidh a chomharrachadh airson cùis-lagha, mar sin ag adhbharachadh an no-ghoireasachd as miosa do dh' fianaisean, luchd-fulaing, teaghlaichean luchd-fulaing, daoine a dh'fhaodadh a bhith air diùraidh agus am poball san fharsaingeachd. Aig amannan cha bhiodh an adhbhar air innse dhan phoball agus dh'adhbharaicheadh seo tuilleadh iomagain do luchd-fulaing agus na teaghlaichean aca, a' cur air adhart faireachdain nach robh a' chùirt comasach airson an obair-gnìomh aca fhèin a rèiteachadh, agus cunnart ann gun lùghdaicheadh seo misneachd an t-sluaigh anns an t-siostam ceartas eucorach.

8. B' e dùbhlán an lèirmheas, mar sin, siostam fhaighinn a dhèanamh cinnteach nach biodh luchd-fulaing, fianaisean agus luchd-diùraidh air an toirt fa chomhair na cùirt gus am biodh a' chùis deiseil airson dèiligeadh ris. Cha robh ach 14% de chùisean ann an 2001 a' dol air adhart gu cùis-lagha aig a' chiad gairm. (para.4.1-4.14 den aithisg)

ADHBHARAN AN DUILGHEADAIS

9. Tha adhbharan an duilgheadais air a mhìneachadh anns na paragrafan a leanas.

10. Ullachadh agus Ainmeachadh cùis an Luchd-casaid – am Beachd-smuain.

Fhad's a tha cùis an neach-casaid ga ullachadh, bu choir neach-casaid a' chrùn, air am bheil uallach rannsachaidh na cùise, ùrachadh bho àm gu àm a thoirt do neach-lagha dìon le fianais mar a nochdas sin agus ceistean sam bith a' sireadh barrachd fiosrachaidh a fhreagairt. Tha na casaidean ag aghaidh an neach fo chasaid ga thoirt dha (ann an dìteadh) a' toirt dha ceann-là airson cùis-lagha le rabhadh co-dhiù de 29 là. Bhiodh dùil gun crìochnaicheadh luchd-dìon an ullachadh aca taobh a-staigh na h-ùine sin gus leigeil leis a' cùis-lagha a dhol air adhart air an là sin.

11. Ullachadh agus Ainmeachadh Cùis an Luchd-casaid – Na Duilgheadasan agus Uireasbhuidhean ann an Cleachdadh.

Chan eil an cùrsa seo ga leantainn an còmhnaidh airson grunn adhbharan. Cha bhith luchd-casaid mar as àbhaist ag innse do luchd-dìon mu dheidhinn fianais anns a' chùis a thig fan comhair mar a ghluaiseas an rannsachadh, agus aig amannan is ann nuair a thèid an dìteadh a thoirt seachad a gheibh luchd-dìon a' chiad fios mun fhianais sin. Faodar fios mu fhianais a bharrachd a chur thuca as dèidh an dìteadh a thoirt seachad agus ann an 2001 chaidh rabhadh mu fhianais a bharrachd a thoirt seachad do luchd-dìon ann am barrachd air 50% de chùisean a chaidh gu ìre cùis-lagha. Faodar rabhaidhean mu fhianais a bharrachd a thoirt seachad gu luchd-dìon suas ri dà latha mus tèid an diùraidh fo mhionnan airson a' chùis fheuchainn.

12. Dìth conaltraidh eadar Luchd-Dìon agus an Crùn.

Chan eil riaghailt sam bith ann a bheir air luchd-casaid agus luchd-dìon a bhith a' conaltradh ron cùis-lagha, agus tha droch bhuaidh aig an seo air a bhith a' dealbhadh gnìomhachd fa chomhair na Cùirt agus a' cur dàil air cothrom rèiteachaidh gus a' mhionaid mu dheireadh.

13. Rabhadh do Luchd-Dìon.

Is e 29 là an ùine rabhaidh as giorra a tha air a thoirt do dhaoine a tha fo chasaid agus ann an àireamh mhòr de chùisean is e ùine rudeigin goirid a tha an seo airson cothrom a thoirt do luchd dìon airson a' chùis aca ullachadh.

14. Siostam Suidhe na Cùirt.

Tha cùisean air an roinneadh eadar amannan suidhe fad 14 là agus gu math tric tha mì-chinnt ann a thaobh co-dhiù agus cuin a thèid cùis air adhart. Dh'fhaodar gum bi atharraichean anmoch ann an comhairlichean lagha no tagraidhean lagha a' riochdachadh luchd-dìon mar thoradh air a' mhì-chinnt seo.

15. Dìth làthaireachd Comhairlichean Lagha no Tagraidhean Lagha fo Stiùireadh.

Tha an structair cosgais taic lagha an dràsta a' misneachadh comhairlichean-lagha gu bhith a' cumail grèim air pàipearan airson cùisean far nach eil mòran cothrom gum bi iad an sàs annta, gus am meudaichear na cothroman aca a bhith pàighte airson a' chuid as motha de chùisean.

16. Cosgaisean Taic Lagha Eucoir.

Cha mhòr nach eil a h-uile gnothach eucoir anns an Àrd Chùirt air a mhaoineachadh troimh thaic lagha. Feumaidh cosgaisean sònraichte m.e. cosgaisean fianais eòlaiche, aonta bho Bhòrd Taic Lagha na h-Alba. Dh'fhaodadh gum bi dàil anns a' chùis ma thèid tagradh a-steach airson aonta mar seo.

17. Comhairlichean-lagha mion-eòlach a' fàgail a' Bhàir.

Tha àireamh bhrìghmhor de chomhairlichean-lagha bhon Bhàr air a bhith a' fàgail gus dreuchdan siorraidh fhaighinn. Ach, chan eil seo a' ciallachadh gu bheil àrdachadh co-

ionann ann an àireamh chomhairlichean-lagha a bhios an làthair gu cunbhalach anns an Àrd Chùirt.

18. Buaidh Anderson –v- HMA.

Tha luchd-lagha agus comhairlichean-lagha nas cùramaiche mu bhith a' gabhail cùisean os làimh agus a bhith a' rèiteachadh chùisean-lagha ann an ùine ghoirid, an dèidh co-dhùnadh ann an cùis *Anderson v HMA* gum faodar dòigh-rèiteachaidh dìon neach fo chasaid a bhith na mheadhan air iomrall ceartais adhbharachadh.

19. Dìth làthaireachd de phrìomh Dhaoine.

Dh'fhaodadh nach bi an neach fo chasaid no fianaisean an làthair.

20. Adhbharan eile

Dh'fhaodadh gun do sheall aon taobh no taobh eile thairis air rudeigin ann a bhith ag ullachadh na cùise airson cùis-lagha.

21. Laigse taobh a-staigh an siostam a th' ann an dràst.

Chaidh trì prìomh chuspairean aithneachadh anns an t-siostam a th' ann an dràst a tha a' cur bacadh air dealbhachadh ceart air cùisean-lagha;

- Tha a' chiad là suidhe chun an deach an neach fo chasaid a dhètheadh air a bhith ann an iomadach cùis na cheann-là targaid airson a' chùis-lagha agus ceann-là targaid airson ullachadh a' chrùn airson a' cùis-lagha ged is e a' bheachd-smuain gum bu chòir co-dhiù naoi là fichead a bhith eadar na targaidean sin.
- Ann an àireamh mhòr de chùisean chan e dha-rìribh daithead cùis-lagha a tha anns an daithead cùis-lagha ach daithead dòigh-obrach far nach eil mòran sùim ga thoirt do dhòigh-obrach na cùise san àm ri teachd.
- Tha mì-chinnt ann gun tèid cùisean air adhart gu cùis-lagha aig an àm a chaidh aontachadh.

22. Mar thoradh air an seo, tha e a' coimhead coltach gu bheil rèiteachadh truagh air an t-siostam agus gu bheil e air a' ruith gun sùim sam bith de ghoireasachd no faireachdainean luchd-fulaing agus fianaisean. Bi luchd-fulaing agus fianaisean gu tric gan ullachadh fhèin airson an cuideam a bhios orra ann an cùis-lagha, agus thèid a chur dheth, gu math tric nas trice na aon uair. Tha seo ag adhbharachadh mòran iomagain, gu h-àraidh ann an cùisean nas miosa mar cùisean-lagha airson mort. (para. 5.1-5.40 den aithisg)

Molaidhean

RIAGHLADH GNOTHACH NA CÙIRT

23. Thàinig lèirmheas de rèiteachadh an làan diugh airson gnìomhachd a riaghladh gu co-dhùnadh gu bheil feum air riaghladh cùis breithneachaidh gus sealladh ri na trì cuspairean a chaidh ainmeachadh gu h-àrd agus a' moladh gun tèid daithead tòiseachaidh (cùis-lagha) aontachadh anns a h-uile cùis a thèid a thogail san Àrd Chùirt. (para. 6.1-6.26 den aithisg)

A' TOIRT LÀN FHIOSRACHADH DHA LUCHD-DÌON

24. Uallach Neach-casaid.

Gus am bi làn-fhiosrachadh air a chumail ri luchd-dìon mar a thèid an rannsachadh air adhart, bu chòir liosta shealadach de dh'fhianaisean a chur chun an luchd-dìon cho luath's a tha e comasach nuair a bhios an neach fo chasaid air a chur an grèim airson cùis-lagha. An dèidh sin, bu chòir dhan neach-casaid gu h-àbhaisteach fiosrachadh a chur chun luchd-dìon mun rannsachadh fhad's a thèid e air adhart agus leigeil leotha faighinn gu fianais iomchaidh mar a thig sin am follais. Còmhla ris na pàipearan a thèid a chur chun an neach a tha fo chasaid le fiosrachadh mun àm a thig a' chùis gu cùirt, bu chòir gum biodh lethbhreac de gach fianais pàipear nach deach ainmeachadh roimhe sin. Ma thig fianais eile am follais bu chòir gum biodh àm gearraidh ann eadar seirbheis nam pàipear agus an daithead tòiseachaidh mus tèid stuthan a bharrachd a chur thuige.

25. Teachdaireachd Fianais

Bu chòir buidheann gnìomh a stèidheachadh gus sealltain ri dè an seòrsa suidheachaidhean far am bu chòir luchd-dìon lethbhreac fhaighinn mar ghnòthach àbhaisteach de theachdaireachd bho fianais.

26. Lùghdachadh air Binn Structurail.

Cha bu chòir gum biodh siostam lùghdachaidh binn structurail ann airson targadh cionta a chur a-steach aig ìre thràth.

27. A' neartachadh Earrann 196 de Achd Dòigh-obrach Eucoir (Alba) 1995

Bu chòir an reachdas gu h-àrd atharrachadh gus am feumadh am britheamh binn sùim a ghabhail de an ìre aig an deach tagradh cionta a chur a-steach, ach dh'fhaodadh dìmeas a dhèanamh air an seo nuair a thèid tagradh cionta a thoirt seachad aig daithead cùis-lagha.(para.7.1-7.22 35 den aithisg)

DAITHEAD TÒISEACHAIDH

28. Adhbhar airson Daithead tòiseachaidh.

Is e prìomh amas na cùis-lagha seo cùisean aithneachadh far am bheil dearbhadh riatanach.

29. Teachdaireachd mu fhianais no-chonnsaideach.

Far an do chur an Crùn teachdaireachd de dh'fhianais no-chonnsaideach air adhart, bu chòir gum feumadh luchd-dìon innse ann an dùbhlán sam bith carson a tha an dùbhlán sin a' dol air adhart.

30. Not do Luchd-Dìon

Bu chòir dha luchd-dìon not ullachadh den loidhne dìon gus dèanamh cinnteach gu bheil aire air fìor chuspairean na cùise ron èisteachd. Ged a bhiodh e ceadaichte dhan chùirt

faighneachd an deach not mar sin ullachadh, is ann dìomhair a thèid not na loidhne fhèin a chumail.

31. Coinneamh Daithead Tòiseachaidh.

Bu chòir gun coinnicheadh na pàrtaidhean ron èisteachd agus na fianaisean a tha air iarraidh aontachadh airson cùis-lagha. Bu chòir not a tha a' dearbhadh gun deach a' choinneamh air adhart agus a' clàradh a' cho-dhùnadh, a chur fa chomhair na Cùirt.

32. Uallach Feuchainn ri Fianais Aontachadh

Bhiodh cead aig a' chùirt faighneachd an deach not ullachadh agus dè na cuspairean sònraichte a bhiodh connspaideach no duilich airson a' chùis a riaghladh, a chaidh aithneachadh, a' bharrachd air an sin thèid not na loidhne a chumail dìomhair.

33 Na Cuspairean a dh'fhaodar a Thogail

Is e seo a' chùis-lagha far am biodh e iomchaidh èisteachd ris a h-uile cuspair a dh'fhaodadh an dràsta a bhith mar phàirt de dhaithead tòiseachaidh. Bu chòir a h-ile gnothach eile a thèid a thogail tro mhionaid a thogail aig an èisteachd seo.

33. A' tomhais Ùine Rabhaidh.

Bu chòir liostan de dh'fhianaisean agus goireasan-fianais airson luchd-dìon, agus targaidhean-dìon sònraichte a chlàradh ron daithead tòiseachaidh. Bu chòir gun dèidheadh na cinn-ùine a th'ann an dràsta a reusantachadh gus a bhith a' toirt air gach tagradh gun a bhith a' dol a-steach nas fhaide na seachd làithean ron èisteachd. (para 8.1 –8.21 den aithisg)

34. Connspaidean mu a bhith a' ceadachadh fianais

Co-cheangailte ri cuspair sam bith eile, bu chòir ceist sam bith co-cheangailte ri ceadachadh fianais a dh'fhaodadh ann am beachd na cùirt fhuasgladh le buannachd ron dearbhadh a thogail aig an èisteachd seo.

ÀM DAITHEAD TÒISEACHAIDH AGUS CRÌOCHAN-ÙINE.

35. Àm eadar Seirbheis an Dítidh agus daithead tòiseachaidh.

Gus am bi daithead tòiseachaidh a' coileanadh na h-amasan aige le bhith a' dèanamh cinnteach nach eil cùisean-lagha air an rèiteachadh ach a-mhàin nuair a tha a' chùis deiseil airson cùis-lagha, feumar ùine gu leòr a thoirt dha luchd-dìon airson ullachadh airson an daithead sin. Bu chòir daithead tòiseachaidh a dhol air adhart taobh a-staigh 110 là agus a' cùis-lagha taobh a-staigh 140 là. Ann an 2001 chaidh an ceann-ùine 110 là a leudachadh co-dhiù aon uair ann an timcheall air 23% de chùisean, agus b' e an t-adhbhar as trice airson tagradh a chur a-steach airson leudachadh, gun robh luchd-dìon a' feumachdain barrachd ùine airson ullachadh. Tha an leudachadh air riaghailt 110 là a tha air a mholadh dìreach ag aithneachadh na tha a' tachairt ann an cuid mhòr de chùisean na h-Àrd Chùirt.

36. Riaghailt 110 là san àm ri teachd.

Bu chòir daithead tòiseachaidh a dhol air adhart taobh a-staigh 110 là agus a' cùis-lagha tòiseachadh taobh a-staigh 140 là.

37. A' dìon chòirichean an Neach fo chasaid.

Mura bheil a' chùis deiseil aig an daithead tòiseachaidh airson a dhol air adhart gu cùis-lagha dhèidheadh an cothrom a thoirt dhan neach fo chasaid tagradh a chur a-steach, agus a leigeil a-mach, air urras. A' bharrachd air an seo, nam biodh an neach fo chasaid deiseil airson a dhol gu cùis-lagha aig ìre thràth dh'fhaodadh e tagradh a chur chun na cùirt gun dèidheadh an daithead tòiseachaidh a thoirt air adhart gus am faigheadh e dearbhadh na bu thràithe. Aig an àm seo, ma thèid an ceann-ùine 110 là a bhriseadh thèid an neach fo chasaid a leigeil ma sgaoil agus chan urrainn a thoirt gu cùirt a-rithist leis na casaidean a tha na aghaidh. Bu chòir an riaghailt seo atharrachadh gus am biodh e ceadaichte dha neach fo chasaid tagradh a chur a-steach agus faighinn a-mach air urras, agus an uairsin thigeadh ceann-ùine 12 mhìos a-steach.

38. A' leudachadh an ùine 140 là.

Dh'fhaodadh gum biodh leudachadh air an ùine seo iomchaidh ann an suidheachaidhean sònraichte.

39. Riaghailt 12 mìos.

Anns a h-uile cùis, chumadh an ceann-ùine 12 mìos a' dol leis a' bhuidh a th'aige an dràsta; tha neach fo chasaid nach d'fhàinig gu cùis-lagha taobh a-staigh 12 mìos air a leigeil ma sgaoil bhon dìteadh agus chan urrainn an toirt gu cùirt a-rithist airson na casaidean sin.

40. Riaghailt 9 mìos.

Ann an cùisean far nach eil an neach fo chasaid air a chur an grèim bu choir daithead tòiseachaidh a dhol air adhart taobh a-staigh naoi mìosan bho àm nochdadh sa chùirt.

41. A' socrachadh chùisean a tha air leth duilich.

Bu chòir gum biodh e comasach an ùine 80 agus 110 là a leudachadh ann an cùisean duilich eadhon mus deach Dìteadh a thoirt seachad.

42. A' leudachadh Crìochan-ùine ann an suidheachaidhean eile

Bu chòir gum buinneadh na h-atharraichean ri Cùirt Siorraidh a' bharrachd air Àrd Chùirt agus bu chòir tagraidhean airson crìochan-ùine grèim ann an cùisean Cùirt Siorraidh a leudachadh a dhol chun an t-Siorraidh. Bu chòir na h-adhbharan airson leudachadh aontachadh a bhith air an toirt còmhla agus gur e an aon adhbhar a bhith "airson an adhbhar a chaidh a shealltainn".

43. Peanas airson Riaghailt 110 là a Bhriseadh.

Aig an àm seo, ma thèid an ceann-ùine 110 là a bhriseadh tha an neach fo chasaid air a leigeil ma sgaoil agus chan urrainn casaid a dhol na aghaidh nas fhaide airson na casaidean a bha air.

Bu chòir an riaghailt seo atharrachadh gus leigeil leis an neach fo chasaid tagradh a chur a-steach airson a leigeil ma sgaoil air urras, agus gun tigeadh riaghailt 12 mìos a-steach aig an àm sin.

ÀITE SUIDHE NA CÙIRT

44. Cleachdadh a bhith a' Suidhe air Chuairt.

Bu chòir do dh' Àrd Chùirt a' Cheartais cumail a' suidhe air feadh na h-Alba.

45. Far am bu chòir èisteachd ri cùisean.

Obar Dheathain agus Dùn Dèagh

Tha feum air goireasan a' bharrachd gach cuid an Obar Dheathain agus ann an Dùn Dèagh gus am bi e comasach dhan chùirt coinneachadh ann an sin nas trice.

46. Cur thairis Chùisean gu cùirtean eile.

Bu chòir gum biodh e comasach cùisean a chur thairis gu rianail eadar chùirtean far am bheil gach pàrtaidh ag aontachadh, as aonais na pàrtaidhean a bhith an làthair agus ann an suidheachaidhean sònraichte bu chòir dha a bhith comasach cùisean a chur thairis gu rùm cùirt iomchaidh eadhon far nach eil cùirt eile a' suidhe. (para. 10.1-10.17 den aithisg)

CÙIRT DAITHEAD TÒISEACHAIDH

47. Càite am bu chòir Daithead Tòiseachaidh a chumail.

Bu chòir mòr-thionalan tòiseachaidh a chumail an toiseach a-mhàin ann an Dùn Èideann agus Glaschu agus prìomh bhrìtheamhan fhastadh gus toirt a-steach an t-siostam a riaghladh.

48. A' riaghladh Gnothaichean cùirt Daithead Tòiseachaidh.

Ma gheibh Obar Dheathain inbhe Àrd Chùirt làn-thìde bhiodh e iomchaidh an ceann ùine gabhail ri cùisean-lagha an sin.

49. A' stèidheachadh uallach ùr a' Bhrìtheamh.

Bu chòir am brìtheamh a thèid fhastadh airson Glaschu airson an adhbhar seo a bhith ann co-dhiù sia mìosan.

50. Àm coinneachaidh Daithead Tòiseachaidh.

Gus misneachd a thoirt do chomhairlichean-lagha a bhios an sàs anns a' chùis-lagha, faodar àm an èisteachd a stèidheachadh aig àm a bhios iomchaidh gus leigeil leotha a bhith an sàs ann an cùisean-lagha leantainneach.

51. A' prògramadh Daithean Cùis-lagha.

Bu chòir daitheadan cùis-lagha suidhichte a bhith air an suidheachadh còmhla ri “cùisean bog-luasgach” gus togail air laigse sam bith. Bu chòir siostam ceann-là dealanach a thoirt a-steach gus dèanamh cinnteach gu bheil làn-fhiosrachadh de chinn-là a tha saor aig clàrc na cùirt.

52. Cùisean-lagha nach urrainn a dhol air adhart.

Mur a nochd an neach fo chasaid aig an daithead cùis-lagha faodar barantas aontachadh gus a chur an grèim, agus thèid cùis-lagha tòiseachaidh eile a shuidheachadh.

53. Cùis-lagha gun an Neach fo chasaid a bhith an làthair.

Ann an suidheachaidhean sònraichte bu chòir an dearbhadh a dhol air adhart gun an neach fo chasaid a bhith an làthair.

54. Trèanadh

Bu chòir a h-uile duine a bhios ag obair fon sgeama ùr a dhol troimh ùine trèanaidh.(para11.1-11.21 den aithisg)

ÀRD CHÙIRT ANN AN GLASCHU

55. An cleachdadh a th’ann an Glaschu an dràsta

Gu beachd-smuaineil bi britheamhan, clàrcan agus màsairean a’ siubhal gu Glaschu gach dara Diluain gus a bhith ag obair fad dà sheachdain ach ann an gnìomh chan ann mar seo an còmhnaidh a thachras oir bi dearbhaidhean a’ leudachadh nas fhaide na an ùine sin agus is dòcha gum bi britheamhan a’ suidhe airson seiseanan leantainneach.

56. Clàrcan làn-thìde.

Bu chòir clàrcan cùirt làn-thìde a bhith air fhastadh ann an Ghlaschu gus taic a thoirt do riaghladh ghnothachais.

57. Manaidsear Suidhe Neach-casaid a’ Chrùin.

Is dòcha gum feumar ath-shealladh a dhèanamh air an dreuchd seo ann an solas aithisg thaobh a-staigh Oifis a’ Chrùin fhèin.

58. Taic Rianachd Roinn nan Tagraichean

Bu chòir Roinn na Tagraichean leas-rianadair fhastadh airson Glaschu.

59. Britheamhan

60. Bu chòir britheamhan a bhith a’ suidhe airson ùine nas fhaide na tha iad an dràsta.

61. Britheamhan No-bhuan.

Bu chòir do briteamhan no-bhuan gealladh fosgailte no gealladh airson ùine fhada mar sia mìosan a thoirt seachad. (para 12.1-12.18 den aithisg)

CUIDEAM OBRACH

62. Dè na cùisean a gheibh èisteachd anns a' Chùirt an dràsta.

Thathas a' faicinn an Àrd Chùirt mar a' chùirt iomchaidh gus cùisean a ghabhail far am faodar dìteadh os cionn cumhachd siorraidh a thoirt seachad agus cùisean àraid no duilich no anns am bheil ùidh shònraichte gu poblach.

63. Leasachadh Eachdraidheil air cuideam obrach na h-Àrd Chùirt.

Tha uachdaranas thoirmisgeach aig an Àrd Chùirt airson cùisean-lagha eucoirean sònraichte.. Seachad air ùine tha comas binn an t-siorraidh air àrdachadh agus is urrainn do shiorraidh anis suas ri trì bliadhna de bhinn a thoirt seachad. Ann an 2001 anns an Àrd Chùirt fhuair 13% de luchd fo chasaid binn nach do chur iad an grèim agus fhuair 26% eile binn cur an grèim a dh'fhaodadh a bhith air a thoirt seachad ann an cùirt an t-siorraidh.

64. Comas Binn an t-Siorraidh – Crìoch Iomchaidh

Bho àm thràth anns na h-ochdadan tha àrdachadh mòr air a thighinn air cùisean reic dhrugaichean a chaidh a chur chun an Àrd Chùirt, agus ann am mòran dhiubh sin bha àireamh mheadhanach de dhrugaichean agus àrdachadh mòr air robaireachd aig àiteachan malairteach, gu math tric le ball-airm earraiciseach. Gu coitcheann chan eil e riatanach gum feum briteamhan na h-Àrd Chùirt a bhith os an ceann. Bi briteamhan na h-Àrd Chùirt a' dèiligeadh ri na cùisean as mìosa a th'ann agus cha bu chòir dhaibh a bhith an sàs ann an cùisean a dh'fhaodadh a bhith air an làimhseachadh math gu leòr ann an cùirt an t-siorraidh. Bu chòir comas binn an t-siorraidh àrdachadh gu còig bliadhna gus am biodh e comasach cùisean nach eil cho dona a tha air an làimhseachadh an dràsta anns an Àrd Chùirt a chur thairis chun a' chùirt sin, 's e sin an seòrsa a tha air ainmeachadh gu h-àrd. Bu chòir cumhachd an t-siorraidh cùisean iomchaidh a chur suas chun Àrd Chùirt airson binn a chumail.

65. Ag ullachadh airson atharrachadh.

Bu chòir trèanadh a thoirt do shiorraidhean airson an uallach leudaichte a bhios orra. (para 13.1-13.22 den aithisg)

GOIREASAN

66. Mìneachadh

Is e daoine an goireas as cudthromaiche a th'anns an t-siostam ceartais eucorach agus tha comasan agus gnìomhachd riochdairean a' Chrùin agus an luchd-dìon uamhasach cudthromach.

67. **An Crùn**

Feumaidh obair-coileanadh na h-aithisg seo barrachd ghoireasan bhon Chrùn.

68. **A' maoineachadh obair-dìon**

Chan eil ìre ionmhais taic lagha airson comhairlichean-lagha agus luchd-lagha an sàs ann an obair na h-Àrd Chùirt air àrdachadh airson deich bliadhna ged a tha cosgaisean meadhanach anns gach cùis air àrdachadh. Is e pàirt den adhbhar airson seo gu bheil barrachd chùisean nas duilghe agus barrachd chùisean air an cur air ais.

69. **Suidheachadh Comhairlichean-lagha.**

Bu chòir gum biodh rèiteachadh eadar Roinn nan Tagraichean agus Riaghaltas na h-Alba mu sgeama chosgaisean ollamhaichte.

70. **Cosgais airson Daithead Tòiseachaidh**

Bu chòir cosgais an daithead tòiseachaidh a bhith a' gabhail a-steach tomhais airson làthaireachd chomhairlichean-lagha aig an daithead còmhla ri cosgais a' chiad latha dhen chùis-lagha.

71. **Aontachadh airson a bhith a' fastadh Comhairlichean-lagha agus Tagraichean-lagha**

Bu chòir dha Bòrd Taic Lagha na h-Alba lèirmheas a dhèanamh air na poileasaidhean aca co-cheangailte ri bhith a' toirt aonta do chomhairlichean-lagha ma thèid uachdranas cùirt an t-siorraidh a leudachadh. (para 14.1-14.24 den aithisg)

RÈITEACHADH LÀTHAIREACHD LUCHD FO CHASOID, FIANAISEAN AGUS LUCHD-DIÙRAIDH.

72. **A' cur às do làthaireachd no-dheatamach de neach fo chasaid a tha an grèim.**

Cha bu chòir gum feumadh neach fo chasaid a tha an grèim a bhith an làthair mas ann airson adhbhar a' bharrachd air nochdadh foirmeil. Bu chòir smaoinichadh air CCTV a chleachdadh airson nochdadh foirmeil.

73. **Dàil airson binn**

Bu chòir neach fo chasaid ann an cùisean air am bheil dàil airson binn a thoirt, far am bheil sin comasach, chun na cùirt far am bheil am britheamh na shuidhe. Mura bheil seo riatanach no far nach biodh e reusanta do dhaoine aig am bheil ùidh anns a' chùis siubhal, bu chòir ceann-là eile a shuidheachadh gu rianail gun feum air an neach fo chasaid a bhith an làthair. Bu chòir a' chrìoch-ùine airson a bhith a' cumail neach fo chasaid an grèim gus cothrom aithisgean ullachadh a bhith air a leudachadh gu ceithir seachdainean, no ochd seachdainean ma tha adhbhar air a thoirt seachad.

74. **Làthaireachd neach fo chasaid a tha saor air urras.**

Bu chòir daoine fo chasaid a bhith an làthair co-dhiù 45 mionaid ron àm a tha air a chomharrachadh airson a' chùis a ghairm mar chumhnant coitcheann urrais, agus bu chòir an neach fuireach ann an taigh na cùirt ùine a' cheart cho fada aig deireadh là cùirte. Bu chòir rùm a chomharrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil cho beag de chothrom coinneachadh is as urrainn eadar daoine fo chasaid air urras agus fianaisean agus luchd-fulaing agus teaghlaichean luchd-fulaing.

75. A' gairm Fianaisean san àm ri teachd.

Bu chòir an aon seòrsa siostam airson fianaisean a ghairm a bhith stèidhichte air feadh na h-Alba. Bu chòir gum biodh aon bhuidheann le aon uallach a bhith a' rèiteachadh làthaireachd fhianaisean aig cùirt, cunntasach dhan Chrùin; no uallach a bhith air a' phoileas a bhith a' gairm fhianaisean. Bu chòir buidheann-obrach a stèidheachadh gus beachdachadh air na roghainnean.

76. Fianaisean Aindeònach.

Bu chòir barrachd fiosrachadh mun fhianais fhaighinn aig ìre ro-fhiosrachaidh agus bhiodh seo feumail an uairsin gus dèanamh a-mach am biodh rèiteachadh sònraichte ri dhèanamh gus dèanamh cinnteach gum biodh an fhianais an làthair sa chùirt.

77. Fianaisean aig am biodh rùn teicheadh air falbh

Bu chòir ùghdarras a thoirt dhan chùirt òrdugh bacaidh saorsa a thoirt seachad gus am tig àm cùis-lagha gus am biodh taga dealanach air a chur air fianaisean aindeònach agus sùil a chumail air na gluasadan aca.

78. Làthaireachd Fhianaisean air a' chiad là agus làithean eile den dearbhadh.

79. Bu chòir fianaisean anns an t-seirbheis phoblach fònadh gu loidhne fiosrachaidh gach feasgair fhad's a tha an dearbhadh a' dol air adhart gus faighinn a-mach am bheil feum orra fhathast a bhith an làthair.

80. Fiosrachadh mu Làthaireachd fhianaisean aig Daithead Tòiseachaidh

Bu chòir gum biodh fiosrachadh mu làthaireachd fhianaisean ri fhaighinn aig an daithead tòiseachaidh.

81. Luchd-diùraidh

Bu chòir siostam nas fheàrr a lòrg gus a bhith a' gairm feadhainn airson obair diùraidh agus gus riaghladh nas fheàrr air luchd-diùraidh fhad's a tha iad aig cùirt.

82. Latha na Cùirt

Bu chòir là na cùirt a bhith eadar 10m gu 4.30f. (para 15.1-15.51 den aithisg.)

TAIC DO PHÀRTAIDHEAN AIG A' CHÙIRT.

83. An t-seirbheis fianais

Bu chòir an t-seirbheis fianais a leudachadh chun an Àrd Chùirt. Bu chòir gum biodh fiosrachadh mu chùrsa na cùise a' dol gu fianaisean cho tric sa ghabhas.

84. Rùmanna airson Luchd-fulaing, càirdean as fhaisge, agus fianaisean so-leònte

Bu chòir rùmanna a bhith air an cur ma-seach airson luchd-fulaing agus teaghlaichean luchd-fulaing agus beachdachadh air ceangal beò CCTV eadar rùm na cùirt agus na rùmanna sin.

85. Rèiteachadh airson fianais bho fhianaisean so-leònte agus cloinne.

Bu chòir pàipearan tagraidh airson gnìomhachd sònraichte do dh'fianaisean a bhith còmhla ri pàipearan na cùis-lagha. Bu chòir gum biodh cùisean a tha buailteach droch bhuidh a bhith air sochair chloinne mar luchd-fulaing, fianaisean no neach fo chasaid air an toirt gu aire na cùirt aig an daithead tòiseachaidh gus dèanamh cinnteach gun tèid rèiteachadh tràth a chur an gnìomh airson na cùis-lagha. (para. 16.1-16.22 den aithisg)

GNOTHAICHEAN FÈIN-RIAGHLAIDH

86. Bu chòir Clàr 6 de dh'Achd na h-Alba atharrachadh gus a dhèanamh soilleir gu bheil gnìomhan no uireasbhuidhean a' Mhorair Tagraidh mar neach-casaid agus duine sam bith ag obair as a leth le ùghdarras no dha riochdachadh mar neach-casaid taobh a-muigh a' mhìneachaidh "gnothach fèin-riaghlaidh".(para. 17.1-17.14 den aithisg)

GNOTHAICHEAN EILE.

87. Luchd-saidheans dligh-eòlach

Bu chòir dhan Chrùn a bhith comasach ainmeachadh gu bheil iad an urra ri fianais bho aon de na dhà galar-eòlaichean dligh-eòlach a tha air liosta fhianaisean gun a bhith a' sònrachadh co dhiubh a chleachdas iad.

CO-DHÙNADH

88. Tha an lèirmheas fad-ruigsinneach agus a' còmhach raon de chuspairean bho bhith a' cur aithris mu chùis gu Neach-casaid a' Chrùn gus an tig a' chùis gu crìch. Bu chòir gun toir an siostam a tha air a mholadh san lèirmheas barrachd ìre de chinnt a-steach do phrògramadh obair-gnìomhachd a bu chòir mar sin dèanamh cinnteach gu bheil sluagh a tha air an toirt a-steach do shiostam a' cheartais eucorach a' faireachdain cho beag de mhì-ghoireasachd 's as urrainn. Tha e a' feuchainn ri cothromachadh a dhèanamh eadar còirichean luchd-fulaing an aghaidh còirichean neach fo chasaid ann an rùn siostam so-thuigse a sholarachadh a bheir barrachd misneachd dhan phoball ann an siostam ceartas eucorach na h-Alba.

Tha liosta de na molaidhean an cois seo.